**Bòrd na Gàidhlig**

Brath Naidheachd
*Press Release*

***PLEASE SCROLL DOWN FOR ENGLISH VERSION***

**Faodar a sgaoileadh sa bhad**

**16/10/2013**

**Iomairt trusaidh airson tidsearan Gàidhlig ga leasachadh às ùr**

Dh'fhoillsich Bòrd na Gàidhlig an naidheachd an-diugh gu bheil iad airson an iomairt aca airson tidsearan a thrusadh a leasachadh às ùr gus frithealadh air an iarrtas a th' ann airson tidsearan Gàidhlig.

Às dèidh mar a shoirbhich le oidhirpean a' Bhùird gus tidsearan a thrusadh san dà bhliadhna a chaidh seachad, tha am Bòrd a-nis a' dol a dhèanamh leasachadh gu tur às ùr air an iomairt trusaidh aca, Thig Gam Theagasg. Thèid làrach-lìn ùr a dhealbhachadh, thèid sanasan didseatach ùra a chruthachadh agus thèid stuthan sanasachd ùra a dhealbh.

Thuirt am Ministear airson Cànanan na h-Alba, Dr Alasdair Allan: "Tha am Bòrd air a bhith air leth soirbheachail ann a bhith trusadh thidsearan Gàidhlig gus frithealadh air an iarrtas a tha a' sìor dhol am meud, am measg phàrantan is sgoilearan airson foghlam tron Ghàidhlig. Cuidichidh am £20,000 a bharrachd a dh'ainmich mi Dihaoine gus an iomairt aca ùrachadh agus a leudachadh, feuch an tarraing iad fiù 's barrachd dhaoine tàlantach agus proifeiseanta gu teagasg Gàidhlig, dreuchd sam bi daoine a' toirt foghlam, brosnachadh is piobrachadh do ghinealach ùr de luchd-bruidhne na Gàidhlig ann an Alba."

Bidh an iomairt ùr a' togail air an obair a rinneadh thairis air an dà bhliadhna a dh'fhalbh, agus i ag amas air oileanaich ùra a thàladh don dreuchd; bithear cuideachd a' toirt gu aire thidsearan, a tha air teisteanas a thoirt a-mach mu thràth, na cothroman dreuchdail a th' anns an roinn fhoghlaim seo a tha a' dol

am meud gu luath.

Thuirt an Leasaiche Foghlaim is Ionnsachaidh aig Bòrd na Gàidhlig, Màiri NicIlleMhaoil: "Tha margaideachd air leth feumail dhuinn nuair a tha sinn a' cur air adhart iomairtean gus tuilleadh thidsearan a thrusadh. Bha sinn daonnan a' cur ris agus a' leasachadh na bha sinn a' dèanamh a thaobh trusaidh san dà bhliadhna a dh'fhalbh, agus tha sinn air leth toilichte gu bheil sinn a-nis an impis an iomairt againn, Thig Gam Theagasg, a dhealbh às ùr.

"Tha àite cudromach aig Bòrd na Gàidhlig ann a bhith co-òrdanachadh oidhirpean le buidhnean eile gus planadh airson ro-innleachd airson foghlam thidsearan Gàidhlig agus an ro-innleachd sin a chur an gnìomh. An lùib sin tha ciad fhoghlam do thidsearan, taic do thidsearan a tha teagasg tron Bheurla an-dràsta agus aig bheil ùidh ann a bhith gluasad gu teagasg tron Ghàidhlig, agus taic do thidsearan a tha ann am foghlam Gàidhlig an-dràsta."

Tha bunaitean siostam foghlam is ionnsachadh na Gàidhlig feumach air an neartachadh san fharsaingeachd, nithear sin le bhith toirt taic do dh'oidhirpean gus tidsearan misneachail, uidheamaichte a thrusadh a chuidicheas le bhith leudachadh foghlam Gàidhlig. Cuide ris an taic bho Riaghaltas na h-Alba, Ùghdarrasan Ionadail agus ionadan foghlaim adhartach, bheir am Bòrd taic do dh'iomairtean gus an taghadh de chùrsaichean a leudachadh airson daoine a tha airson cùrsa teagaisg a dhèanamh, no a tha airson gluasad gu teagasg Gàidhlig no teagasg tron Ghàidhlig.

Air sgàth na taice a bharrachd seo bho Riaghaltas na h-Alba, thèid an iomairt ùr seo a chur an sàs an ath bhliadhna.

**CRÌOCH**

**Bòrd na Gàidhlig**

Brath Naidheachd
*Press Release*

**Airson tuilleadh fiosrachaidh mun bhrath-naidheachd seo, cuiribh fios gu Steven MacÌomhair, am Manaidsear Corporra is Conaltraidh aig Bòrd na Gàidhlig, aig steven@gaidhlig.org.uk no air 07557 481 081.**

**FIOSRACHADH DO LUCHD-DEASACHAIDH:**

- ***Tidsearan ùra:*** *Aig an ìre-sa, ma thig iad uile tron cùrsaichean, bidh 29 tidsear a' tòiseachadh às ùr ann an teagasg Gàidhlig sa Lùnastal 2014 – 20 Bun-sgoil is 9 Àrd-sgoil.*

- ***Taic-airgid bhon Bhòrd:*** *Ann an 2013 fhuair 32 oileanach teagaisg taic maoineachaidh fhaighinn bho Bhòrd na Gàidhlig mu choinneamh cosgaisean nan cùrsaichean aca.*

- ***Taic Leantainneach bhon Bhòrd:*** *Bidh co-labhairt ann do luchd-teagaisg ùra Gàidhlig air 21 An t-Samhain 2013 ann an Dùn Èideann.*

- ***A' gluasad bhon Bheurla chun Ghàidhlig – cùrsaichean goirid:*** *An-uiridh bha 25 tidsear a bha a' teagasg ann am foghlam Beurla aig cùrsaichean seachdaineach a chuir Bòrd na Gàidhlig air dòigh ann an co-bhonn ri oilthighean a tha a' tabhann cùrsaichean Gàidhlig (SMO, Dùn Èideann & Glaschu).*

- *A bharrachd air an sin, chumar seachdain bogaidh ann an co-bhonn ri CNES agus Ceòlas airson 8 tidsearan sa sgìre sin aig an robh ùidh gluasad gu foghlam Gàidhlig.*

- *Bidh 3 seachdainean bogaidh eile a' ruith thairis air a' bhliadhna a tha ri teachd.*

- ***A' gluasad chun Ghàidhlig – cùrsaichean làn ùine:*** *Tha obair dhealbhachaidh a' dol air cùrsa bogaidh fad-ùine eadar Oilthigh Srath Chluaidh agus Oilthigh Dhùn Èideann. Bidh am pìolat, airson suas ri 10 tidsearan, a' tòiseachadh sa Lùnastal 2014.*

- ***Am Bòrd a' brosnachadh:*** *Bidh an t-oifigear trusaidh luchd-teagaisg a' cumail a' dol a' tadhail air oilthighean far a bheil oileanaich a' dèanamh cùrsaichean Gàidhlig, agus Àrd-sgoiltean far a bheil foghlam Gàidhlig, airson aire nan oileanach agus nan sgoilearan a tharraing gu na cothroman a tha ann dhaibh ann an teagasg tron Ghàidhlig.*

- ***Cùrsaichean ùra:*** *Tha cothroman ùra ann cùrsaichean teagaisg Gàidhlig a dhèanamh – thòisich UHI air cùrsa PGDE ann an teagasg Bun-sgoil am bliadhna agus bidh Oilthigh Dhùn Èideann a' tabhainn cùrsa fo-cheum ùr ann an Gàidhlig agus teagasg, a' tòiseachadh ann an 2014.*

- ***Co-obrachadh eadar bhuidhnean:*** *Tha ro-innleachd ùr airson foghlam luchd-teagaisg Gàidhlig ga dheasachadh le buidheann obrach stèidhe le Bòrd na Gàidhlig le taic bho Ùghdarrasan Ionadail, Oilthighean is Buidhnean Poblach a tha an sàs ann am foghlam Ghàidhlig. Tha pàirt den ro-innleachd a' dèiligeadh gu sònraichte ri sanasachd is trusadh.*

**Bòrd na Gàidhlig**

Brath Naidheachd
*Press Release*

**16/10/2013**

**Redevelopment of teacher recruitment**

Bòrd na Gàidhlig today announced a full redevelopment of their teacher recruitment initiative to further meet the demand for Gaelic teachers.

Following the success seen by the Bòrd in the last two years in their campaigns to recruit new teachers, the Bòrd have embarked on a full redevelopment of their Thig Gam Theagasg (Come and Teach Me) campaign, with the redesign of a new website, creation of new digital adverts and the designing of new advertising materials.

The Minister for Scotland's Languages, Dr Alasdair Allan said: "The Bòrd has had great success in attracting teachers to Gaelic-medium education to deliver the increasing demand from parents and pupils. The additional £20,000 I announced on Friday will help them refresh and expand the campaign to attract even more talented professionals to educate, inspire and encourage the new generation of Gaelic speakers across Scotland."

The new campaign will build upon the success of the work done in the last two years, aiming to attract new students to the profession whilst also reinforcing for others already qualified to teach the rewards opportunities that exist in this fast growing education system.

Bòrd na Gàidhlig Head of Education and Learning, Mary MacMillan said: "Marketing is an extremely useful tool in helping us to recruit new teachers. We have constantly been adding to our portfolio of developments over the two years, and are delighted we are now in a position to redesign our whole Thig Gam Theagasg (*Come and Teach Me)* initiative.

Bòrd na Gàidhlig play a lead role in coordinating with other organisations the planning and rolling out of a teacher education strategy for Gaelic teachers. This includes initial teacher education, support for teachers currently teaching through the medium of English interested in transferring to Gaelic-medium education, and support for teachers currently in the Gaelic system."

There is a need to strengthen the infrastructure of Gaelic education and learning generally by supporting the recruitment of a confident, appropriately trained workforce in order to service the expansion of Gaelic education. Along with the help of the Scottish Government, Local Authorities and further education institutions the Bòrd will support initiatives to increase the range of courses available to those who wish to enter teaching, or to transfer to teaching Gaelic or through the medium of Gaelic.

With the additional support of the Scottish Government, the new campaign will be up and running next year.

**ENDS**

**For more information about the content of this press release, contact Steven MacIver, Corporate and Communications Manager at Bòrd na Gàidhlig, by e-mailing steven@gaidhlig.org.uk or by phoning 07557 481 081**.

**NOTES TO EDITORS:**

- ***New teachers:*** *At this stage, if they all graduate, 29 probationers will start teaching Gaelic in August 2013 – 20 Primary and 9 Secondary.*

- ***Bòrd Financial Support:*** *In 2013 32 student teachers received financial support from Bòrd na Gàidhlig towards the costs of their courses.*

- ***Continuing Support:*** *A conference for new Gaelic teachers will be held in Edinburgh on 21 November 2013.*

- ***Transferring from English to Gaelic - short courses:*** *Last year 25 teachers working through English attended week long courses organised by Bòrd na Gàidhlig in conjunction with universities providing Gaelic courses (SMO, Edinburgh and Glasgow).*

- *In addition, a week long immersion course was organised in conjunction with Comhairle nan Eilean Siar and Ceòlas for 8 teachers in that area who were interested in transferring to Gaelic education.*

- *In the coming year a further 3 week long immersion courses will be held.*

- ***Transferring to Gaelic – full time courses:*** *A full time immersion course is being developed by The University of Strathclyde and the University of Edinburgh. The pilot, for up to 10 teachers, will start in August 2014.*

- ***Bòrd Promotion:*** *The Bòrd's Teacher Recruitment Officer will continue to visit universities where students are doing Gaelic courses, and secondary schools with Gaelic education, to promote opportunities in Gaelic teaching to students and scholars.*

- ***New courses:*** *New opportunities to attend Gaelic teaching courses – UHI established a primary school teaching PGDE this year and Edinburgh University will be offering a new undergraduate course in Gaelic and teaching commencing in 2014.*

- ***Inter-agency Cooperation:*** *A new strategy for Gaelic teacher education is being devised by a working group established by Bòrd na Gàidhlig with the support of Local Authorities, Universities and Public Bodies involved in Gaelic education. Part of the strategy deals specifically with advertising and recruitment.*